



Maria Gordon



Tràth-bheatha

Rugadh Maria Gordon ann am Monymusk, Siorrachd Obar Dheathain, ann an 1864, am pàiste bu shine de dh'ochdnar a bh' aig Maria agus aig an **Urr**. Alexander Ogilvie. Bha a pàrantan gu mòr den bheachd gun robh **foghlam** air leth cudromach, agus bho aois 9, fhuair i **oideachadh** aig sgoil ann an Dùn Èideann, far an robh i na sàr sgoilear.

Foghlam àrd ìre

Chuir i roimhpe a bhith na cluicheadair piàna, ach dh'fhàg i an cùrsa aice aig Acadamaidh Rìoghail a' Chiùil ann an Lunnainn ro dheireadh a' chiad bhliadhna airson **dreuchd** shaidheansail a leantainn. Fhuair i **ceum** ann an **clach-eòlas**, **ainmh-eòlas** agus **luibh-eòlas** bho Cholaiste Oilthigh Lunnainn ann an 1890.

Ann an 1891, shiubhail i dhan Ghearmailt airson cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Bherlin, ach chaidh a **diùltadh** air sgàth 's gur e boireannach a bh' innte. Ach an uair sin, fhuair i cothrom a dhol dha na Dolomites anns an Eadailt far an do sgrùd i clach-eòlas na sgìre.

Na Dolomites

'S ann nuair a bha i ag obair anns na Dolomites a rinn i aon de na pìosan obrach as cudromaiche na beatha. 'S e **sreath bheanntan** a th' anns na Dolomites, **cliùiteach** airson nan **stùcan** 's nam **binneanan** àrda, annasach. Bhathas den bheachd gun deach an cruthachadh às na bha air fhàgail de **choireal** bho mhuir **aosmhor**. Ach, tron rannsachadh aice, dhearbh Gordon gun deach an cruthachadh bho ghluasad ann an **rùsg na talmhainn**, beachd a bha gu tur ùr aig an àm.

Ann an 1893, 's i a' chiad boireannach a-riamh a fhuair DSc ann an clach-eòlas bho Oilthigh Lunnainn agus ann an 1900, 's i fhèin agus Agnes Kelly, a' chiad boireannaich a-riamh a fhuair PhD bho Oilthigh Mhunch.

Beatha phearsanta

Ann an 1895, phòs i John Gordon, à Obar Dheathain, a bha na dhotair. Bha e air leth taiceil dhan dreuchd aice agus bha triùir de theaghlach aca. Fiù 's na màthair thrang, chùm i oirre leis an obair aice, gu tric a' coiseachd nam beann leatha fhèin, a' cruinneachadh **sampallan fhosailen**.

Poilitigs

Tro a beatha, bha i **ag iomairt** airson **còraichean boireannaich** agus gam brosnachadh gu bhith a' gabhail ùidh ann am poilitigs. Às dèidh bàs an duine aice ann an 1919, ghluais i a Lunnainn far an deach i fhèin an sàs ann am poilitigs. Chaidh **urram** DBE a **bhuileachadh** oirre ann an 1935 airson na rinn i airson math nam boireannach.

Bàs

Bhàsaich i anns an dachaigh aice ann an Lunnainn air 24 Ògmhios 1939. Chaidh seòmair anns an leabharlann aig Oilthigh Mhunch ainmeachadh às a deidh.

Na Dolomites, 1896



Oilthigh Mhunch

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Càit an do rugadh Maria Gordon?
2. Cia mheud pàiste a bha anns an teaghlach aice?
3. Nuair a bha i na b' òige, dè mhiannaich i a dhèanamh?
4. Dè am facal a tha ag innse dhuinn nach d' fhuair i cothrom cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Bherlin?
5. Dè th' anns na Dolomites agus carson a tha iad aithnichte?
6. Ciamar a chaidh an cruthachadh, a rèir Gordon, agus ciamar a bha a beachd-se diofraichte bho chàch?
7. Dè an teisteanas a fhuair i ann an 1900 agus carson a bha e cudromach?
8. Dè an obair a bh' aig an duine aice?
9. Cuin a chaidh i an sàs ann am poilitigs?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich i?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil carson nach robh e ceadaichte do bhoireannaich a dhol dhan oilthigh anns a' Ghearmailt aig an àm sin? A bheil thu a' smaoinichadh gun do chuidich boireannaich mar Gordon gus na riaghailtean sin atharrachadh?
2. Saoil ciamar a bhiodh neach-saidheans òg a' faireachdainn a' cur bheachdan ùra air adhart a bha gu tur diofraichte bho bheachdan eòlaichean sa chuspair?
3. Saoil dè na dùbhlain a bhiodh ann do bhean agus do mhàthair dreuchd shaidheansail a leantainn aig an àm ud?
4. Saoil ciamar a bhiodh i a' faireachdainn nuair a fhuair i am PhD aice?
5. Saoil carson a chaidh i an sàs ann am poilitigs?
6. Dè th' ann an DBE agus saoil carson a fhuair i e?





Maria Gordon



Tràth-bheatha

Rugadh Maria Gordon ann am Monymusk, Siorrachd Obar Dheathain, ann an 1864, am pàiste bu shine aig Maria agus aig an **Urr** Alexander Ogilvie. Bha a pàrantan gu mòr den bheachd gun robh **foghlam** air leth cudromach, agus bho aois 9, chaidh i gu sgoil ann an Dùn Èideann, far an robh i na **sàr sgoilear**.

Foghlam àrd ìre

Chuir i roimhe a bhith na cluicheadair-piàna, ach dh'fhàg i an cùrsa aice ann an Lunnainn ro dheireadh a' chiad bhliadhna airson **dreuchd** shaidheansail a leantainn. Fhuair i **ceum** ann an **clach-eòlas**, **ainmh-eòlas** agus **luibh-eòlas** bho Cholaiste Oilthigh Lunnainn ann an 1890.

Ann an 1891, shiubhail i dhan Ghearmailt airson cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Bherlin, ach chaidh a **diùltadh** air sgàth 's gur e boireannach a bh' innte. Ach an uair sin, fhuair i cothrom a dhol dha na Dolomites anns an Eadailt far an do **sgrùd** i clach-eòlas na sgìre.

Na Dolomites

'S ann nuair a bha i ag obair anns na Dolomites a rinn i aon de na pìosan obrach bu chudromaiche na beatha. 'S e **sreath bheanntan** a th' anns na Dolomites, a tha **cliùiteach** airson nan **stùcan** agus **binneanan** àrda, annasach. Aig an àm bha eòlaichean den bheachd gun deach an cruthachadh às na bha air fhàgail de **choireal** bho mhuir **aosmhor**. Ach, tron rannsachadh aice, **dhearbh** Gordon gun deach an cruthachadh bho ghluasad ann an **rùsg na talmhainn**, beachd a bha gu tur ùr aig an àm.

Ann an 1900, 's i fhèin agus Agnes Kelly, a' chiad bhoireanaich a-riamh a fhuair PhD bho Oilthigh Mhunich.

Beatha phearsanta

Ann an 1895, phòs i John Gordon, à Obar Dheathain, a bha na dhotair. Bha e air leth taiceil dhan dreuchd aice agus bha triùir de theaghlach aca. Fiù 's mar mhàthair thrang chùim i oirre leis an obair aice, gu tric a' coiseachd nam beann leatha fhèin, a' cruinneachadh **sampallan fhosailean**.

Poilitigs

Tro a beatha, bha i **ag iomairt** airson **còraichean bhoireannaich**, agus às dèidh bàs an duine aice ann an 1919, ghluais i a Lunnainn far an deach i an sàs ann am poilitigs. Fhuair i DBE ann an 1935 airson na rinn i airson **math** nam boireannach.

Bàs

Bhàsaich i anns an dachaigh aice ann an Lunnainn air 24 Ògmhios 1939. Chaidh seòmar anns an leabharlann aig Oilthigh Mhunich ainmeachadh às a deidh.



Oilthigh Mhunich

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Càit an do rugadh Maria Gordon?
2. Dè am facal a tha ag innse dhuinn gun do rinn i math anns an sgoil?
3. Nuair a bha i na b' òige, dè mhiannaich i a dhèanamh?
4. Carson nach d' fhuair i cothrom cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Bherlin?
5. Dè th' anns na Dolomites agus carson a tha iad aithnichte?
6. Ciamar a chaidh an cruthachadh a rèir Gordon?
7. Dè an teisteanas a fhuair i ann an 1900 agus carson a bha e cudromach?
8. Cia mheud pàiste a bh' aice?
9. Cuin a chaidh i an sàs ann am poilitigs?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich i?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil carson nach robh e ceadaichte do boireannaich a dhol dhan oilthigh anns a' Ghearmailt aig an àm sin? A bheil thu a' smaoineachadh gun do chuidich boireannaich mar Gordon gus na riaghailtean sin atharrachadh?
2. Saoil ciamar a bhiodh neach-saidheans òg a' faireachdainn a' cur bheachdan ùra air adhart a bha gu tur diofraichte bho eòlaichean sa chuspair?
3. Saoil dè na dùbhlain a bhiodh ann do bhean agus màthair dreuchd shaidheansail a leantainn aig an àm ud?
4. Saoil ciamar a bhiodh i a' faireachdainn nuair a fhuair i am PhD aice?
5. Saoil carson a chaidh i an sàs ann am poilitigs?
6. Dè th' ann an DBE agus saoil carson a fhuair i e?





Maria Gordon



Tràth-bheatha

Rugadh Maria Gordon ann am Monymusk, Siorrachd Obar Dheathain, ann an 1864. Bha a pàrantan gu mòr den bheachd gun robh **foghlam** air leth cudromach agus bho aois 9, chaidh i gu sgoil ann an Dùn Èideann, far an robh i na **sàr sgoilear**.

Foghlam àrd ìre

Bha i ag iarraidh a bhith na cluicheadair-piàna ach 's e **dreuchd** shaidheansail a thagh i. Fhuair i **ceum** ann an **clach-eòlas, ainmh-eòlas** agus **luibh-eòlas** bho Cholaiste Oilthigh Lunnainn ann an 1890.

Ann an 1891, shiubhail i dhan Ghearmailt airson cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Bherlin, ach chaidh a **diùltadh** air sgàth 's gur e boireannach a bh' innte. Ach an uair sin, fhuair i cothrom a dhol dha na Dolomites anns an Eadailt.

Na Dolomites

'S ann nuair a bha i ag obair anns na Dolomites a rinn i aon de na pìosan obrach bu chudromaiche na beatha. 'S e **sreath bheanntan** a th' anns na Dolomites, agus tha iad ainmeil airson **stùcan** agus binneanan àrda, annasach. **Dhearbh** Gordon gun deach an cruthachadh bho ghluasad ann an **rùsg na talmhainn**, beachd a bha gu tur ùr aig an àm.

Ann an 1900, 's i fhèin agus Agnes Kelly, a' chiad bhoireannaich a-riamh a fhuair PhD bho Oilthigh Mhunch.

Beatha phearsanta

Ann an 1895, phòs i John Gordon, à Obar Dheathain, a bha na dhotair. Bha e air leth taiceil dhan obair aice agus bha triùir de theaghlach aca. Fiù 's mar mhàthair thrang chùm i oirre leis an obair aice, gu tric a' coiseachd nam beann leatha fhèin.

Poilitigs

Air ais ann an Lunnainn, chaidh i an sàs ann am poilitigs **ag iomairt** airson 's gum bi na h-aon **chòraichean** aig boireannaich 's a bha aig fireannaich. Fhuair i DBE ann an 1935 airson na rinn i do bhoireannaich.

Bàs

Bhàsaich i anns an dachaigh aice ann an Lunnainn air 24 Ògmhios 1939.

Na Dolomites, 1896



Oilthigh Mhunch

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Càit an do rugadh Maria Gordon?
2. Dè am facal a tha ag innse dhuinn gun do rinn i math anns an sgoil?
3. Nuair a bha i na b' òige, dè mhiannaich i a dhèanamh?
4. Carson nach d' fhuair i cothrom cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Bherlin?
5. Dè th' anns na Dolomites agus carson a tha iad aithnichte?
6. Ciamar a chaidh an cruthachadh a rèir Gordon?
7. Dè an teisteanas a fhuair i ann an 1900 agus carson a bha e cudromach?
8. Cia mheud pàiste a bh' aice?
9. Cuin a chaidh i an sàs ann am poilitigs?
10. Cuin a bhàsaich i?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil carson nach robh e ceadaichte do boireannaich a dhol dhan oilthigh anns a' Ghearmailt aig an àm sin? A bheil thu a' smaoinichadh gun do chuidich boireannaich mar Gordon gus na riaghailtean sin atharrachadh?
2. Saoil ciamar a bhiodh neach-saidheans òg a' faireachdainn a' cur bheachdan ùra air adhart a bha gu tur diofraichte bho eòlaichean sa chuspair?
3. Saoil dè na dùbhlain a bhiodh ann do bhean agus màthair dreuchd shaidheansail a leantainn aig an àm ud?
4. Saoil ciamar a bhiodh i a' faireachdainn nuair a fhuair i am PhD aice?
5. Saoil carson a chaidh i an sàs ann am poilitigs?
6. Dè th' ann an DBE agus saoil carson a fhuair i e?

